

Bileag Fiosrachaidh UNESCO



Tha **sluaghan dùthchasach** a' fuireach anns gach ceàrnaidh den t-saoghal.



Tha **sealbh** aca air, no tha iad a' fuireach ann, no tha iad a' cleachdadh mu 22% de thalamh na cruinne.



Le eadar 370-500 millean neach, tha **sluaghan dùthchasach a' riochdachadh** a' chuid as motha de dh'iomadachd chultarail an t-saoghail.



Chruthaich iad agus tha iad a' labhairt a' chuid as motha den 7000 cànan a tha air an t-saoghal.



Tha aig mòran **shluaghan dùthchasach** fhathast ri dèiligeadh ri **iomallachadh**, fìor bhochdainn agus brisidhean eile air **còraichean daonna**.



Le **compàirteachas** ri **sluaghan dùthchasach**, tha **UNESCO** a' feuchainn ri taic a thoirt dhaibh dèiligeadh ris an iomadh dùbhlán a tha romhpa, agus aig an aon àm ag aithneachadh an àite shònraichte a tha aca ann a bhith a' gleidheadh **iomadachd dealbh-tìre** cultarail agus **bith-eòlasach** an t-saoghail.



Tha poileasaidhean, prògraman agus pròiseactan **UNESCO** a' toirt chothroman do **shluaghan dùthchasach** air feadh an t-saoghail, agus a' toirt deagh bhuaidh agus droch bhuaidh orra.



Le **gealltanais** Clàr-obrach 2030 'nach bi duine air fhàgail air dheireadh', tha **impidh** às ùr airson gun tèid prìomhachasan **shluaghan dùthchasach** a chluinntinn.

